

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted at [rodny.macleam@bbc.co.uk](mailto:rodny.macleam@bbc.co.uk) \* This is Litir 317. Note that Roddy also broadcasts a simplified version – An Litir Bheag – on Monday evenings at 7.00 pm. This is also available on the BBC website. Litir Bheag 13 corresponds to Litir 317.*

Chuir mi crìoch air an Litir mu dheireadh leis an t-seann sgeulachd aig Aesop – “Androcles agus an Leòmhann”. Bha Androcles na thràill. Bha e air droigheann a spìonadh à spog an leòmhainn nuair a bha iad còmhla anns a’ choille. Agus nuair a chunnaic an leòmhann Androcles anns an raon-sabaid, dh’aithnich e e. An àite a mharbhadh, ’s ann a dh’imlich e làmhan Androcles. Bha an Rìgh dhen bheachd gu robh sin iongantach agus leig e an leòmhann agus an duine ma sgaoil. ’S e teachdaireachd na sgeulachd gu bheil taingeachd na chomharra air uaisleachd.

Coltach ri Androcles, bha Aesop e fhèin na thràill. Thathar a’ smaoinichadh gun do rugadh e timcheall air a’ bhliadhna sia ceud is fichead (620) RC – ’s e sin Ro Chrìosd. Bha e ann an tràilleachd do dhithis – Xanthus agus Jadmon. Agus ’s e Jadmon a leig ma sgaoil e – a chionn ’s gu robh e cho inntinneach is eirmseach.

Bha e ag obair airson greis mar thosgair do rìgh Greugach. Ach turas a bha seo chaidh e gu ruige Delphi le stòras mòr de dh’òr airson a thoirt do mhuinntir an àite. Ach ghabh Aesop droch bheachd air muinntir Dhelphi agus dhiùlt e an t-òr a thoirt seachad. Bha muinntir a’ bhaile feargach agus chuir iad Aesop gu bàs.

Co-dhiù – air ais don fhacal *spìon*. Tha e càirdeach do *spine* ann am Beurla. Tha na dhà, a rèir choltais, a’ tighinn bhon fhacal Laideann *spina* a tha a’ ciallachadh *droigheann* no *bior*. O shean bha *spìn* a’ ciallachadh droigheann ann an Gàidhlig cuideachd. An dearbh rud a bhiodh duine a’ *spìonadh* nam faigheadh e fear na chraiceann.

Tha sin gam thoirt gu geama. Seann gheama air a’ Ghàidhealtachd air a bheil *Spìonadh Anna Ghòrach*. Spìonadh Anna Ghòrach. Seo mar a tha e ag obair. Tha cuideigin air a thaghadh. Gabhaidh càch “Anna Ghòrach” air an fhear no tè sin. Chan eil e gu diofar co-dhiù tha e no i fireann no boireann.

Bidh sùilean Anna air an còmhachadh le bann clò. Chan fhaic i rud sam bith. Bidh cuideigin eile ag ràdh rithe an uair sin, “Tha do mhàthair gad iarraidh.” Bidh Anna a’ freagairt, “Carson?”

Bidh am fear no tè eile ag radh, “A’ gabhail do bhrochan”. Agus bidh Anna a’ freagairt, “Càite a bheil an spàin?”

Bidh am fear no tè eile ag ràdh an uair sin, “Tionndaidh mun cuairt trì uairean agus amhairc air a son.”

Leis a sin, bidh Anna a' feuchainn ri buntainn no greimeachadh air daoine eile. Agus bidh iadsan a' gabhail spòrs. Bidh iad a' putadh Anna. No bidh iad a' tarraing air a cuid aodaich – 's e sin *spìonadh*. Fhad 's a tha sin a' tachairt bidh feadhainn ag èigheachd, “Spìonadh Anna Ghòrach!” Tha an geama a' tighinn gu crìch nuair a gheibh Anna grèim air cuideigin eile.

Bha geamannan mar sin ann air feadh na Gàidhealtachd agus ann an àiteachan eile a bharrachd. Bidh cuid eòlach air mar *Blind Man's Buff*. Ann an àiteachan air tìr-mòr na Gàidhealtachd, 's e *Dallan Dubh* a bh' air a' gheama. Ach ann an eileanan Earra-Ghàidheal bha daoine eòlach air fon ainm Spìonadh Anna Ghòrach.

\* \* \* \* \*

**Faclan na seachdainne:** raon-sabaid: *fighting arena*; brochan: *porridge*.

**Abairtean na seachdainne:** bha Androcles na thràill: *Androcles was a slave*; bha e air droigheann a spìonadh à spog an leòmhainn: *he had plucked a thorn from the lion's paw*; dh'aithnich e e: *he recognised him*; leig e an X agus Y ma sgaoil: *he released X and Y*; gu bheil taingealachd na chomharra air uaisleachd: *that gratefulness is a mark of nobility*; 620 RC: 620 BC; a chionn 's gu robh e choinntinneach is eirmseach: *because he was so intelligent/interesting and sharp-witted*; airson greis mar thosgair do rìgh Greugach: *for a while as an ambassador for a Greek king*; chaidh e gu ruige Delphi le stòras mòr de dh'òr: *he went to Delphi with a great store of gold*; ghabh Aesop droch bheachd air muinntir X: *Aesop took a dislike to the people of X*; chuir iad Aesop gu bàs: *they killed Aesop*; nam faigheadh e fear na chraiceann: *if he got one in his skin*; Spìonadh Anna Ghòrach: *the plucking of foolish Anna*; chan eil e gu diofar co-dhiù tha e no i fireann no boireann: *it doesn't matter whether he or she is male or female*; tha sùilean Anna air an còmhdachadh le bann clò: *Anna's eyes are covered by a blindfold*; tha do mhàthair gad iarraidh: *your mother wants you*; tionndaidh mun cuairt tri uairean agus amhairc air a son: *turn around three times and look for it*; bidh iad a' tarraing air a cuid aodaich: *they tug her clothes*; ann an àiteachan eile a bharrachd: *in other places in addition*; eileanan Earra-Ghàidheal: *the islands of Argyll*.

**Puing-chànain na seachdainne:** An àite a mharbhadh, 's ann a dh'imlich e làmhan Androcles: *rather than kill him, he licked Androcles's hands. Why did I use a 's ann construction here? Simply to emphasise the verb that followed – dh'imlich. I might have said an àite a mharbhadh, dh'imlich e làmhan Androcles – which would have been acceptable. But the use of the emphatic verb is (with ann) gives a little more emphasis and is commonly used in such a situation.*

**Gnàths-cainnt na seachdainne:** Bha e ann an tràilleachd do dhithis: *he was in slavery to two men. An alternative translation (and perhaps a way to remember the Gaelic word) is “he was in thrall to two men”. The English word thrall and the Gaelic tràill share a common origin (from the old Norse).*

\* Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig